

A' Ghàidhlig

Tha a' Ghàidhlig a' samhlachadh nàiseantachd is àraidheachd na h-Alba ach tha i cuideachd a' toirt dhuinn cheanglaichean ri nàiseanan eile ann am Breatainn is Èirinn, agus nas fhaide a-mach na sin. Chan eil anns na Gàidheil ach nas lugha na dhà às gach ceud de shluagh na dùthcha an-diugh, ach chan urrainn an àite ann an cruthachadh na h-Alba àicheadh. Tha a' Ghàidhlig eadar-dhealaichte bho mhòran mhion-chànanan eile leis gun robh i uaireigin na prìomh theanga nàiseanta a thaobh cumhachd agus àireamh luchd-labhairt. Ged a thuigeas na Gàidheil fhèin mar a chrìon a' Ghàidhlig gu h-eachdraidheil, tha mòran Ghall fhathast dhen bheachd, le mearachd, nach robh innte riamh ach mion-chànan Albannach.

Fhuair Alba a h-ainm ann am Beurla air sàillibh nan Gàidheal (na 'Scots' tùsail) agus 's iad na Gàidheil a chruthaich mòran de na samhlaidhean nàiseanta. 'S ann air fèin-aithne Ghàidhealach a bha luchd-sgrìobhaidh Taisbeanadh Obar Bhrothaig a' tarraing nuair a dh'agair iad airson saorsa bho Shasainn ann an 1320.

Gheibhear ainmean-àite Gàidhlig anns gach roinn-tìre de riaghladh ionadail anns an rìoghachd, ach a-mhàin Arcaibh is Sealtainn. Bha i air a bruidhinn, aig aon àm, anns cha mhòr a h-uile sgìre, gu ìre bheag no mhòr. Thug i faclan gu leòr don Bheurla is Albais ('s iad *whisky, sporran, corrie, glen* agus *ceilidh* eisimpleirean) agus ghabh i fhèin faclan a-steach bho na cànanan sin, a bharrachd air an t-Seann Lochlannais agus Laideann.

Tha dà chànan eile dlùth-cheangailte ris a' Ghàidhlig Albannaich – Gàidhlig na h-Èireann is Gàidhlig Eilean Mhanainn. Tha i càirdeach cuideachd don Chuimris, Breatannais agus Còrnais. Tha an càirdeas seo do chànanan Ceilteach eile a' cur gu mòr ris a' bheachd nach eil na Gàidheil a' seasamh leotha fhèin mar shluagh aonaranach. Tha sliochd nan Albannach a tha dìleas don chànan fhathast, gu h-àraidh ann an Alba Nuadh, cuideachd a' cur ris an eadar-nàiseantachd a tha mar phàirt de nodha-chultar nan Gàidheal.

Tro thìde, agus a' Ghàidhlig a' lagachadh air a' Ghalltachd, 's ann an Garbh-chrìochan a' chinn a tuath agus an taoibh an iar a rinn i a dachaigh mhaireannach agus far an do ràinig i a h-àirde. Thathar fhathast a' gabhail *A' Ghàidhealtachd* air an dùthaich bhrèagha, bheanntanaich sin. 'S iad na

Gàidheil a chruthach ainmean na tìre agus tha briathrachas mòr aca airson sin, le barrachd na ceud facal airson beinn no talamh àrd agus faisg air ceathrad airson talamh bog! Rinneadh cuideachd ceanglaichean làidir eadar feartan-tìre agus beul-aithris, le beartas iongantach de sgeulachdan a tha beò chun an latha an-diugh.

Bha, agus tha, na Gàidheil air leth measail air nàdar. Tha sealladh àraidh aca air àrainneachd na h-Alba, agus thug bòidhchead nàdarrach buaidh mhòr air cuid de na bàird as ainmeile aca. Tha sruth spioradail a' ruith tromhpa, eadar cleachdaidhean ro-Chrìosdail (cuid dhiubh beò fhathast), na naoimh mhòra shoisgeulach, leithid Chaluim Chille, agus sluagh nach beag a bhios fhathast a' frithealadh grunn Eaglaisean.

Ach chailleadh mòran. Dh'fhalbh dualchainntean Fìobha agus Ghall-Ghàidhealaibh o chionn fhada. Ann an àiteachan mar Siorrachd Obar Dheathain, Siorrachd Pheairt agus Siorrachd Shruighlea, chaidh na dualchainntean à bith o chionn glè ghoirid. Chan eil na seallaidhean a bh' aig na daoine sin air meadhan, taobh an ear agus ceann a deas na h-Alba ach fann a-nise, agus tha mòran de chultar nan Gàidheal co-cheangailte ri cladaichean an Iar-thuath, agus i làidir fhathast ann an àiteachan mar An t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Siar. Ach tha sin ag atharrachadh a-rithist, le bailtean mòra mar Glaschu is Dùn Èideann a' dèanamh barrachd airson aiseirigh a' chànain, agus i a' leudachadh ann am foghlam. Ann am BBC Radio nan Gàidheal agus BBC ALBA tha seirbheisean cliùmhòr rèidio is telebhisein a bhios a' craoladh air feadh na dùthcha.

Gus o chionn goirid, ge-tà, dh'fhulaing a' Ghàidhlig claon-bhàidh bhon fheadhainn aig an robh cumhachd ann an Alba is Breatainn. Dh'fhàg Achd an Fhoghlaim ann an 1872 an cànan gu tur air an iomall, agus sin far a bheil i fhathast gu ìre mhòr, a dh'aindeoin 's gun do rinn Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig adhartas bho 1985 a-mach.

Ach tha dòchas ann às ùr. A rèir Achd na Gàidhlig 2005, a rinneadh le Pàrlamaid na h-Alba, tha a' Ghàidhlig na 'cànan oifigeil Albannach dha bheil a cheart uiread de spèis 's a th' ann don Bheurla'. Tha an t-seann chlaon-bhàidh an aghaidh na Gàidhlig a' fàs nas laige. Tha barrachd is barrachd Albannach a' tuigsinn gur e rudeigin prìseil a th' innte a tha airidh, chan ann a-mhàin air spèis, ach air gràdh.

Roddy Mac